



Education
Scotland
Foghlam Alba

Ceasnachadh Èifeachdach gus Taic a Chumail ri Measadh ann an Àireamhachd agus Matamataig (BGE)

Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-teagaisg na h-Alba



Duilleag 3 [Adhbhar an Stiùiridh Seo](#)

Duilleag 4 [Feartan de Cheasnachaidh Èifeachdach](#)

Duilleag 5 [Modhan-obrach Ceasnachaidh Eadar-dhealaichte ann am Matamataig](#)

Duilleag 14 [Ceistean a' Chlas air Fad](#)

Duilleag 15 [Pìosan-obrach Leasachadh Proifeiseanta Co-obrachail](#)

Duilleag 16 [Tuilleadh Leughaidh](#)

Adhbhar an Stiùiridh Seo


- 'S e adhbhar an stiùiridh seo eisimpleirean a thoirt seachad de na seòrsaichean cheistean a dh'fhaodte fighe a-steach ann am planadh, ionnsachadh, teagasg agus measadh am broinn Àireamhachd & Matamataig. Tha e ag amas cuideachd air na cothroman measaidh sònraichte anns gach modh-obrach a chomharrachadh.



- Chan eil e san amharc gun cleachdar gach modh-obrach ceasnachaidh aig an aon àm. Faodar modhan-obrach eadar-dhealaichte a chleachdadh aig amannan eadar-dhealaichte agus bidh an dòigh sa bheil sibh gan cleachdadh an crochadh air cò an luchd-ionnsachaidh leis a bheil sibh ag obair.




- Chan eil ceasnachadh ann an Àireamhachd & Matamataig cuingichte leis na h-eisimpleirean a thathar a' toirt seachad. Thathar a' moladh gum beachdaichear air na h-eisimpleirean seo is gun togar orra tro chòmhradh co-obrachail gus freagairt air feumalachdan an luchd-ionnsachaidh fa leth.



Na pàirt bhunaiteach de bhith a' toirt seachad eòlasan ionnsachaidh, teagaisg is measaidh de dh'fhìor àrd chàileachd.

Aig cùl planaidh airson ath cheuman ionnsachaidh.

A' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh freagairt ann an diofar dhòighean.



A' faighinn a-mach dè an t-eòlas a tha aig an luchd-ionnsachaidh is dè am fios a tha a dhìth orra.

Ceasnachadh Èifeachdach

A' cumail taic ri aithneachadh far a bheil feum ann air taic a bharrachd.

Air fhisge a-steach san ionnsachadh, teagasg is measadh air fad.

A' brosnachadh co-luadar is tuigse nas doimhne.

Dh'fhaodadh a bhith air a chruthachadh leis an luchd-ionnsachaidh cuideachd.

Tìmeachadh

- Tha ceasnachadh èifeachdach a' tachairt aig toiseach leasain agus bu chòir dha a bhith ann air fheadh.
- Bidh adhbharan eadar-dhealaichte ann airson diofar sheòrsaichean de cheistean. Tha e cudromach beachdachadh air adhbhar nan ceistean a tha romhaibh.
- Feumar tìde gu leòr a thoirt don luchd-ionnsachaidh gus an tèid aca air smaoineachadh air dè tha a' cheist a' faighneachd. Feuchaibh gun a bhith a' gabhail fhreagairtean ro luath no a' cur dàrna ceist ro luath. Tha e glè chudromach tìde 'feitheimh' a thoirt seachad.

Ceistean Fosgailte ann am Matamataig

Dè tha anna?

- Thathar a' cur ceistean fosgailte ann an dòigh a cheadaicheas raon de fhreagairtean no modhan-obrach.
- Faodaidh iad cruthachalachd is smaoineachadh aig ìre nas àirde a bhrosnachadh oir faodaidh an luchd-ionnsachaidh modhan-obrach is stuthan eadar-dhealaichte a chleachdadh gus fuasglaidhean a lorg agus an cuid smaoineachaidh a riochdachadh.

Tha dà àireamh nam inntinn a thig gu 5. Dè na h-àireamhan a dh'fhaodadh a bhith nam inntinn?	Tha cruth 2-sheallach nam inntinn aig a bheil 2 loidhne-cothromachaidh. Dè an cruth a dh'fhaodadh a bhith nam inntinn?
Tràth	
Dè as urrainn dhuibh innse dhomh mun àireamh 4?	Taghaibh 2 chruth. Dè tha ionann? Dè tha eadar-dhealaichte?

Tha £3.57 agam nam sporan. Dè na buinn a dh'fhaodadh a bhith agam?	Saoil ciamar a b' urrainn dhuinn na nithean seo a sheòrsachadh a tha sinn air a chruinneachadh?
Ciad	
35 agus 45 Ciamar a tha na h-àireamhan seo coltach? Ciamar a tha iad eadar-dhealaichte?	Thomhais mi nì agus b' e 17cm an fhreagairt. Dè dh'fhaodainn a bhith air a thomhas?

Chaidh àireamh a chruinneachadh gu 28.7. Dè dh'fhaodadh an àireamh a bhith an toiseach?	Tha 10 na bloigh de dh'àireamh. Dè an àireamh a dh'fhaodadh a bhith ann? Minichibh carson a thagh sibh an àireamh seo.
Dàrna	
An tèid agaibh air dà cheàrn a lorg a thèid còmhla gus 180 a dhèanamh°?	Tha £26.89 aig 3 chloinn uile gu lèir. Dè na buinn no notaichean a dh'fhaodadh a bhith aig gach aon aca?

Nuair a chuireas sibh dà bhloigh ri chèile, 's e 2/8 an t-suim: dè na bloighean a dh'fhaodadh a bhith ann?	'S e fuasgladh co-aontair $x = 3$: mar sin dè a' cheist a dh'fhaodadh a bhith ann?
Treas / Ceathramh	
Tha cuibheas de 7 agus raon de 4 aig seata dàta. Dè dh'fhaodadh a bhith san t-seata dàta?	'S e 23 a tha ann an aon de na ceàrnann ann an triantan ceart-cheàrnach°. Dè cho fada 's a dh'fhaodadh taobhan an triantain a bhith?

Cothroman measaidh:

- Dè na modhan-obrach a tha an neach-ionnsachaidh a' cur gu feum?
- An e seo am modh-obrach as èifeachdaiche?
- Dè as urrainn don neach-ionnsachaidh dèanamh?
- Dè na h-ath cheuman a bu chòir a bhith ann?


Thathar a' toirt seachad barrachd leughaidh is tuilleadh eisimpleirean sa [mheanbh-stiùireadh](#) seo.





Ceistean Fosgailte ann am Matamataig

Dè tha sibh a' mothachadh?
Dè tha sibh a' saolsinn?

Thathar a' toirt ìomhaigh no nì don luchd-ionnsachaidh is thathar gam faighneachd 'Dè tha sibh a' mothachadh?' Chan eilear a' cur ceistean sam bith eile aig an ìre seo. Leigibh leis an luchd-ionnsachaidh smaoinichadh fada gu leòr mu na tha iad a' mothachadh. Tha e cho dòcha, mar as motha de thìde a cheadaicheas sibh, 's ann as motha de rudan a bhios iad a' mothachadh. Faodaidh gun leig am modh-obrach seo leis an luchd-ionnsachaidh iomadh rud a 'mhothachadh' is gun toir e cothroman dhuibh measadh a dhèanamh air na mothachaidhean/ceanglaichean matamataigeach a tha an luchd-ionnsachaidh comasach air dèanamh. Aon uair 's gun deach tìde a ghabhail airson 'mothachadh' is beachdan-sùla a dhèanamh, dh'fhaodte faighneachd dhan luchd-ionnsachaidh 'Dè tha sibh a' saolsinn?'




$$\begin{aligned}0 &= 4 - 4 \\1 &= 4 - 3 \\2 &= 4 - 2 \\3 &= 4 - 1\end{aligned}$$



Cothroman measaidh

- Dè tha an luchd-ionnsachadh a' mothachadh?
- Dè an ìre de thaic a bha a dhìth orra?
- An tèid aca air ceanglaichean fhaicinn eadar bun-bheachdan matamataigeach?
- Dè an t-ionnsachadh roimhe ris a bheil iad a' cur tacsas?
- Dè na co-dhùnaidhean dha bheil luchd-ionnsachaidh a' tighinn?

Ceistean Fosgailte ann am Matamataig




Cò am Fear Nach Buin?

Thathar a' toirt ceithir ìomhaighean no nithean eadar-dhealaichte don luchd-ionnsachaidh is tha aca ri sònrachadh cò am fear às na rudan nach buin don bhuidhinn agus reusanachadh carson a tha iad a' meas nach buin e.

Tha iomadh dòigh cheart, eadar-dhealaichte ann airson ainmeachadh cò am fear nach buin agus faodaidh gnìomhachd den leithid cothroman a thoirt dhuibh measadh a dhèanamh air reusanachadh matamataigeach ur luchd-ionnsachaidh.

10	8
5	2



$-\frac{1}{4}$	40%
$\frac{3}{2}$	$\frac{1}{6}$


Ionann Ach Eadar-dhealaichte

'S e modh-obrach a tha seo far an dèanar coimeas eadar dà rud, a' toirt fa-near do na tha ionann eatarra agus na tha eadar-dhealaichte. Tha e cudromach an aire a thoirt don fhacal 'ach'.

Bidh an luchd-ionnsachaidh a' beachdachadh air ciamar a dh'fhaodas an dà rud a bhith an dà chuid.

Nuair a thathar a' cleachdadh na dòigh-obrach 'Ionann Ach Eadar-dhealaichte' thathar a' brosnachadh an luchd-ionnsachaidh gu bhith a' coimhead air na h-eileamaidean, feartan is buadhan aithneachaidh de na thathar a' coimeasadh.

Tha seo a' toirt dhuibh cothroman a bhith a' measadh nan ceanglaichean a tha an luchd-ionnsachaidh comasach air dèanamh agus an cuid reusanachaidh matamataigich.




$$\begin{array}{r} \times \times \times \\ \hline 4 \ 4 \ 4 \\ \hline 12 \end{array} \quad \begin{array}{l} 3x = 12 \\ \\ x = 4 \end{array}$$

Ceistean An Aon Uachdar, Diofar Dhoimhneachd

Am Modh-obrach

Is iad sreath de chuisteanan le structar uachdar coltach ach tha eadar-fhillteachd no dùbhlán aca aig ìrean eadar-dhealaichte.

Gheibh mi àrdachadh pàighidh de 12%. Tha mi a' cosnadh £2000 sa mhìos a-nis. Dè bhathar gam phàigheadh roimhe?	Thathar gam phàigheadh £2000 sa mhìos. Gheibh mi àrdachadh pàighidh de 12%. Dè an reat pàighidh agam a-nis?
Ceannaichidh mi £2000 ann an earrannan. Tha an luach aca a' dol an àirde 12% sa mhìos rè ceithir mhìosan. Dè an luach a tha sna h-earrannan agam a-nis?	Ceannaichidh mi £2000 ann an earrannan. Reicidh mi iad a-rithist air £2400 an dèidh 12 mhìos. Dè an ceudad de phrothaidean a tha agam?

 <p>Dè an cruth aig nach eil cairteal dathte?</p>	<p>'S e 10 cairteal de dh'àireamh. Dè an àireamh?</p>
<p>Tha bèicear a' leigeil le bocsa de 12 ugh tuiteam. Tha $\frac{1}{4}$ de na h-uighean a' briseadh. Cia mheud ugh a bhriseas?</p>	<p>$\frac{1}{4} m = \underline{\hspace{2cm}} cm$</p>

Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis. Seall dè na buinn-airgid a b' urrainnear cleachdadh gus 37sg a phàigheadh gu dìreach.	Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis. Tha mi a' pàigheadh le bonn 50 sgillinn. Cia mheud a gheibh mi air ais ann an iomlaid?
Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis. Chan eil agaibh ach 20sg. Cia mheud a bharrachd a tha a dhìth oirbh airson an t-ubhal a cheannach?	Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis. Cia mheud ubhal a b' urrainn dhuibh a cheannach airson £1?

Cothroman measaidh:


An tèid aig an luchd-ionnsachaidh air


- ainmeachadh cò an dòigh-obrach cheart?
- An dòigh-obrach a chleachdadh gus a' cheist a fhreagairt/an cuistean fhuasgladh?


Dè Eile Air A Bheil Sibh Eòlach?

Thathar a' toirt samhail matamataigeach don luchd-ionnsachaidh, 's e sin àireamh, àireamhachadh, nì no ìomhaigh. An uair sin thathar ag iarraidh orra sgrìobhadh sìos na tha iad eòlach air. Faodaidh sibh leantainn oirbh a' faighneachd dhiubh 'Dè eile air a bheil sibh eòlach?' gus nach eil beachdan a bharrachd aca. Faodaidh am modh-obrach seo smaoineachadh an luchd-ionnsachaidh a shìneadh is tha e a' measadh na tha iad eòlach air agus comasach air dèanamh.

Tha am modh-obrach seo coltach ri 'Seo an Fhreagairt, Dè a' Cheist'. Far a bheilear a' toirt fuasgladh don luchd-ionnsachaidh is gu bheilear ag iarraidh orra smaoineachadh air ceistean a dh'fhaodadh a bhith ann.



7	$7 + 3 = 10$	$3 + 7 = 10$
$6 + 1 = 7$		$10 - 7 = 3$
$1 + 6 = 7$		$10 - 3 = 7$
$4 + 3 = 7$		
$3 + 4 = 7$	$2 + 2 + 2 + 1 = 7$	$3 + 3 + 1 = 7$



Freagarrach do gach ìre.

Cothroman measaidh:

- Dè na ceanglaichean dhan tug an luchd-ionnsachaidh fa-near?
- A bheil mì-thuigse sam bith ann a dh'fheumar ceartachadh?
- A bheil beàrnan san ionnsachadh?

Seo an Fhreagairt. Dè a' Cheist?

5

A leithid de cheistean a dh'fhaodadh an luchd-ionnsachaidh a dhèanamh:

- Dè th' ann nuair a chuireas tu 3 ri 2?
- Dè tha leth 10?
- Dè tha $25 \div 5$?
- Cia mheud aodainn a tha aig pioramaid le bonn ceàrnagach?
- Dè tha cairteal de 20?
- Dè tha x mas ionann $6x$ is 30?
- Dè tha $-8 + 13$?
- Cuistean ann am faclan.

Coltach ris a' mhodh-obrach 'Dè Eile Air A Bheil Sibh Eòlach?', thathar a' toirt freagairt don luchd-ionnsachaidh gun fhiosta dè a' cheist. Dh'fhaodadh seo a bhith na samhail matamataigeach, 's e sin àireamh, àireamhachadh, nì no ìomhaigh. An uair sin thathar ag iarraidh orra ceist no ceistean a dhealbhadh a dh'fhaodadh leantainn don fhreagairt seo.

Faodar am modh-obrach seo a shìneadh le bhith a' cur chumhaichean eile ris, mar:

- An urrainn dhuibh smaoineachadh air ceist eile a leanadh don aon fhreagairt?
- An urrainn dhuibh smaoineachadh air ceist na bu dùbhlanaiche dham biodh seo an fhreagairt?

Freagarrach do gach ìre.

Cothroman measaidh:

- Dè na ceanglaichean dhan tug an luchd-ionnsachaidh fa-near?
- A bheil mì-thuigse sam bith ann a dh'fheumar ceartachadh?
- A bheil beàrnan san ionnsachadh?

Ceistean Iomadh-roghainn Diagnosach

Cothroman measaidh:

- Cò an luchd-ionnsachaidh a tha feumach air barrachd ion-chur?
- A bheil mì-thuigse sam bith ann a dh'fheumar ceartachadh?
- Dè a' bhuaidh a tha aig seo air ath cheuman an ionnsachaidh?

Thathar a' dealbhadh ceistean iomadh-roghainn diagnosach (DMCQs) ann an dòigh a chuidicheas sibh is sibh nur neach-cleachdaidh faighinn a-mach an robhar a' tuigsinn no a bheil mì-thuigse anns an ionnsachadh.

Ged a bhithe gan cleachdadh san àbhaisteach aig toiseach chuspairean ùra agus faighinn a-mach dè air a bheil an luchd-ionnsachaidh eòlach mar-thà, faodaidh iad a bhith nan goireas feumail cuideachd agus an luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartais tro na cuspairean làithreach aca.

Bu chòir ceistean is roghainnean buairidh an DMCQs a bhith air an cur ri chèile ann an dòigh a dh'fhàgas e soilleir an do thuig no nach do thuig an luchd-ionnsachaidh na thathar a' teagasg, no dè a' mhì-thuigse a dh'fhaodadh a bhith aca. Bu chòir na roghainnean buairidh a bhith stèidhte air mì-thuigsean agus fios againn gu bheil iad cumanta. Tha e cudromach fiosrachadh ceartachaidh, luath a thoirt seachad nuair a bheirear fa-near do mhì-thuigse sam bith.

Dh'fhaodadh 'dàrna sreath' ann an DMCQs iarraidh air an luchd-ionnsachaidh mìneachadh carson a thaghadh freagairt shònraichte, no roghainn a thairgse bho stòras de dh'adhbharan cumanta ceart (no ceàrr).

Iompaichibh an deichead seo gu ceudad

0.01

- | | |
|----------------|----------------|
| A) 0.1% | B) 10% |
| C) 1% | D) 100% |

-3 + -10

- | | |
|--------------|---------------|
| A) -3 | B) -7 |
| C) 7 | D) -13 |

Ceistean cùl-cheangail

Thathar a' planadh ceist chùl-cheangail rè leasain gus faighinn a-mach an do thuig an luchd-ionnsachaidh am prìomh bhun-bheachd.

Mar as trice cuirear ceist mu letheach slighe tron leasan gus am bi tìde gu leòr ann ri mì-thuigsean a cheartachadh.

Bu chòir am freagairt taobh a-staigh tràth goirid, cuingichte agus mar as trice thathar gan dealbhadh ann an riochd iomadh-roghainn.

- Airson an smaoinichadh a shealltainn, is dòcha gun cleachd an luchd-ionnsachaidh:
- bùird 'seall dhomh'
 - cunntasan-beachd mar 'farpais-cheist foirmean air loidhne'.

Bu chòir roghainnean a tha air an tairgse don luchd-ionnsachaidh a bhith air an dealbhadh gu cùramach agus gar stiùireadh gus faighinn a-mach far an do dh'adhbharaicheadh mì-thuigsean.

Cò am fear dhiubh seo an teaghlach firinn ceart?

A.

$$\begin{aligned}3 \times 4 &= 12 \\4 \times 3 &= 12 \\3 \div 4 &= 12 \\4 \div 3 &= 12\end{aligned}$$

C.

$$\begin{aligned}3 \times 4 &= 12 \\4 \times 3 &= 12 \\12 \div 4 &= 3 \\12 \div 3 &= 4\end{aligned}$$

B.

$$\begin{aligned}3 \times 12 &= 4 \\4 \times 12 &= 3 \\12 \div 4 &= 3 \\12 \div 3 &= 4\end{aligned}$$

D.

$$\begin{aligned}3 \times 3 &= 12 \\4 \times 4 &= 12 \\4 \div 4 &= 12 \\3 \div 3 &= 12\end{aligned}$$

Cothroman measaidh:

- Cò an luchd-ionnsachaidh a tha feumach air barrachd ion-chur?
- A bheil mì-thuigse sam bith ann a dh'fheumar ceartachadh?
- Dè a' bhuaidh a tha aig seo air ath cheuman an ionnsachaidh?

An-còmhnaidh/Uaireannan/Riamh

Am Modh-obrach

- Thathar a' toirt fiosrachadh matamataigeach don luchd-ionnsachaidh is feumaidh iad co-dhùnadh tro reusanachadh a bheil am fiosrachadh fìor an-còmhnaidh, uaireannan no nach eil e riamh fìor.
- Bu chòir iarraidh air an luchd-ionnsachaidh an smaoineachadh a mhìneachadh is grunn eisimpleirean a thoirt seachad gus dearbhadh gur e an co-dhùnadh ceart a tha aca.

Tràth-ìre

- 'S e ceàrnag a tha ann an cruth le ceithir taobhan.
- Is urrainn dhomh ochd ùbhlan a roinneadh gu h-ionann am measg mo bhràthar, mo pheathar is mi fhèin.
- Is ionann 12 – 6 agus 6 - 12.
- Chan urrainn dhomh ach aon bhonn a-mhàin a chleachdadh gus 10p a dhèanamh.

Ciad Ìre

- Tha suim trì àireamhan còrr.
- Tha iomadan de 5 a' crìochnachadh le 5.
- Tha àireamhan le barrachd didseatan de luach nas motha.
- Faodar suim ceithir àireamhan leantainneach a roinneadh le 4.

An Dàrna Ìre

- Tha àireamh chothromach de dh'fhactaran aig àireamh cheàrnagach.
- Nuair a ghearrar pìos bho chruth thathar a' lùghdachadh na farsaingeachd is na cuairt-thomhais.
- Tha àireamhan le barrachd ionadan deiceach nas motha.

An Treas/Ceathramh Ìre

- Tha prìomh àireamh còrr.
- Ma bheirear air falbh àireamh dhearbhte, bidh an fhreagairt nas lugha.
- $5^2 + 5^2 = (5 + 5)^2$

Cothroman measaidh:

- An tèid aig an luchd-ionnsachaidh air diofar eisimpleirean a chur gu feum gus am beachd a chur gu deuchainn?
- An tèid aig an luchd-ionnsachaidh air an smaoineachadh a mhìneachadh?
- Càit am bi mì-thuigse sam bith a' nochdadh?

Eisimpleirean de cò ris a dh'fhaodadh iad a bhith coltach.

Ceistean a' Chlas Air Fad

Càit an cleachdadh sibh na dh'ionnsaich sibh?

Càit a bheil barrachd taic a dhìth oirbh? Ciamar as urrainn dhuibh ur cuideachadh fhèin?

Dè tha sibh eòlach air a-nis? Dè as urrainn dhuibh a dhèanamh a-nis?

Faodaidh ceistean a' chlas air fad cuideachadh ann a bhith a' faighinn a-mach dè a dh'ionnsaich an luchd-ionnsachaidh agus cuideachadh le bhith a' planadh nan ath cheuman.

Faodar an cleachdadh airson beachdachadh, gearr-chunntas a thoirt, agus daingneachadh.

Bu chòir am planadh gu cùramach a-steach don leasan le tìde gu leòr air a chur don dàrna taobh.

Gu tric thathar gan cleachdadh aig deireadh leasain, ach faodar an cleachdadh air feadh leasain.

Dh'fhaodte raon de mhodhan-obrach measaidh chunbhalach a chleachdadh airson ceistean den leithid seo, me bùird 'seall dhomh', pasaichean a-mach, farpaisean-ceist, is mar sin air adhart.

An urrainn dhuibh a dhearbhadh?/ An urrainn dhuibh toirt orm ur creidsinn?

Dè bu toil leibh ionnsachadh ann am barrachd doimhneachd? Ciamar as urrainn dhuibh seo a dhèanamh?

Dè na sgilean a leasaich sibh?

Gnìomhachdan Co-obrachail

Puingean airson còmhraidh/ceistean cnuasachaidh:

- Dè na dòighean sam bi sinn a' fighe ceasnachadh a-steach sa phlanadh againn mar mhodh-obrach measaidh an-dràsta?
- Dè na modhan-obrach seo a tha sinn a' cleachdadh nas motha/nas lugha? Carson a dh'fhaodadh e a bhith mar seo?
- Dè na dòighean san urrainn dhuinn cuid de na beachdan seo a thoirt a-steach don phlanadh againn de leasan N&M?
- Dè na buannachdan a tha an lùib cleachdadh nam modhan-obrach seo (a) don luchd-ionnsachaidh? (b) dhuinne mar luchd-cleachdaidh?
- Ciamar a thèid againn air dèanamh cinnteach gun cleachdar ceistean gu h-èifeachdach air feadh leasan?
- Ciamar a thèid againn air dèanamh cinnteach gum faigh an luchd-ionnsachaidh uile buannachd às na ceistean a chuireas sinn?

Gnìomhachd

Beachdaichibh air na h-ath bheagan leasan ann an N&M. An tèid agaibh air cuid de na h-eisimpleirean de cheasnachadh fhisge a-steach don phlanadh agaibh?

- Feuchaibh an cuir sibh gu feum modh-obrach ceasnachaidh nach do chleachd sibh roimhe.
- Beachdaichibh air cuin a chleachdas sibh na ceistean seo san leasan agaibh.
- Beachdaichibh air na cothroman measaidh a bheir na modhan-obrach ceasnachaidh a tha romhaibh seachad.

